

## **Tasglannan / Archives**

### **An Iodhlann**

<http://www.aniodhlann.org.uk>

*Ionad eachdraidh ann an Tiriodh – cruinneachadh de litrichean, liostaichean-eilthirich, mapaichean, aithrisean, dealbhan, sgeulachdan agus òrain.*

### **Comann Eachdraidh agus Arc-eòlais Muile**

<http://www.mull-historical-society.co.uk>

*Tha an comann seo ag amas air ùidh ann an eachdraidh na h-Alba agus gu h-àraidh eachdraidh Mhuile a leasachadh agus adhartachadh. Tha cruinneachadh de chlàraidhean-fuaime aig a' Chomann agus tha cuid dhiubh air an làrach-lìn.*

### **Dualchas, An t-Eilean Sgitheanach**

(01478) 613857

*Tha seirbheis taighean-tasgaidh an Eilian Sgitheanaich agus Loch Aillse, a tha stèidhichte ann am Port Rìgh, na cruinneachadh de dh'arc-eòlais, tasglannan agus eachdraidh hsòisealta cuide ri clàraidhean-fuaime.*

### **Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Dùn Èideann**

<http://www.nls.uk>

*Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a' gabhail a-staigh catalog-ciùil agus clàr de cheòl fìdhle, pìoba agus clàrsaich, a bharrachd air òrain Ghàidhlig agus Albais. Cuide ri seo, tha clàr de thiotalan phort bho phrògraman T.bh agus rèidio.*

### **Pròiseact Thiriodh**

<http://www.tiriodh.ed.ac.uk>

*'S e pròiseact gearr-ùine a th'ann am Pròiseact Thiriodh gus teicneolas a thoirt air aghaidh is fhoillseachadh a leigeas le daoine sgrùdadh is èisteachd ri clàraidhean a rinneadh ann an Eilean Thiriodh thairis air an dà fhichead bliadhna mu dheireadh.*

### **Seanchas Ìle**

<http://www.seanchas-ile.net>

*Pròiseact beul-aithris ann an Ìle – chaidh barrachd air 60 uair a thìde de stuthan a chlàrachadh bho luchd na Gàidhlig ann an Ìle bho chionn 2005. Tha cuid de na clàraidhean agus tar-sgrìobhaidhean air an làrach-lìn.*

### **Taigh Chearsabhagh**

<http://www.taigh-chearsabhagh.org>

*Taigh-tasgaidh agus ionad ealain Uibhist a Tuath – tha barrachd air 200 clàradh-fuaime anns an tasglann seo a chaidh a chruinneachadh san 10 bliadhna a dh'fhalbh, cuide ri tasglann-deilbh.*

### **Taigh-tasgaidh Chill Donnain, Uibhist a Deas**

<http://www.kildonanmuseum.co.uk>

*'S e ionad dualchais agus cultur a th' ann an Taigh-tasgaidh Chill Donnain far a bheil taigh-tasgaidh agus seòmair-tasglainn a tha ainmichte air Mairead Fay Sheaghach.*

### **Tasglann Dùthaich MhicAoidh, Cataibh**

<http://www.mackaycountry.com>

*Bho chionn 2004, tha luchd-obrach agus saor-thoilich Tasglann Dùthaich MhicAoidh air a bhith ag obair air tasglann de stuthan co-cheangailte ri àiteachan ionadail, muinntir na sgìre agus sgeulachdan. Tha an tasglann a' gabhail a-staigh seann mhapaichean, barrachd air 2000 dealbh, clàradh-fuaime agus tòrr leabhraichean, aithrisean agus rudan eile mun sgìre.*

### **Tobar an Dualchais / Kist o' Riches**

<http://www.tobarandualchais.co.uk>

<http://www.celtscot.ed.ac.uk>

*'S e pròiseact ùr inntinneach a th' ann an Tobar an Dualchais a tha ag amas air clàraidhean-fuaime Gàidhlig agus Albais a chur gu cruth didseatach agus a chatalogadh, gus an sgaoileadh air loidhne. Anns an tasglann, bidh clàraidhean bho **Sgoil Eòlais na h-Alba, Roinn Ghàidhlig a' BhBC** agus **Cruinneachadh nan Caimbeulach** an Canaigh.*

## Tasglannan Air-loidhne / Online Archives

### **Am Baile**

<http://www.ambaile.org.uk>

*'S e goireas farsaing a tha seo le teacsa agus stòras de dhealbhan eachdraidheil, leabhraichean, aithrisean, filmichean agus clàraidhean-fuaime mu dhualchas agus beatha air a' Ghàidhealtachd. Tha an làrach seo dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Beurla.*

### **Gaelstream**

<http://gaelstream.stfx.ca>

*'S e goireas didseatach a tha seo le stuthan bhon dualchas bheothail Ghàidhlig ann an Alba Nuadh.*

### **Hebridean Connections**

<http://www.hebrideanconnections.com>

*'S e làrach-lìn ùr a tha seo le barrachd air 40,000 rud co-cheangailte ri sinnsireachd, eachdraidh, traidiseanan, cultur agus arc-eòlas anns na h-Eileanan Siar. Thàinig na stuthan seo bho chruinneachaidhean nan Comunn Eachdraidh.*

### **SCRAN**

<http://www.scran.ac.uk>

*'S e goireas-ionnsachaidh a th' ann an SCRAN le barrachd air 360,000 dealbh agus faidhleachan ioma-mheadhan bho thaighean-tasgaidh, gaileiridhean, tasglannan agus na meadhanan.*

### **Tasglann Beul-Aithris bhon Taobh an Ear / North East Folklore Archive**

<http://www.nefa.net>

*'S e goireas air loidhne a tha seo a chaidh a steidhicheadh le Comhairle Siorrachd Obar Dheathain gus barrachd ionnsachadh mu chultar agus traidiseanan Taobh an Ear na h-Alba. Tha clàraidhean-fuaime ann cuide ri fiosrachadh eile air dualchas na sgìre.*